# Litearras

- An cànan garbh agus grafaigeach le tòrr de dh’fhiosrachadh fìrinneach, tuairmsean air an toirt seachad **E**
- Uaireannan canar eucoir ‘air a ghoil gu cruaidh’ ris **E**
- Ag amas air fìorachas, fìor mu bheatha, glè thric ann an suidheachadh anns an là an-diugh **S**
- Eucoirean iargalta le cunntasan mionaideach air murt/eucoir **E**
- Plotaichean co-shìnte glè thric a’ ruith còmhla agus a tha a’ tighinn ri chèile aig deireadh na sgeòil **P**
- Faodaidh eucoir a bharrachd air murt tachairt **P**
- An caractar, chan e am plota, ga ghluasad **C**
- Tha am prìomh charactar poilis aig meadhan a’ phlota **C**
- Mar as trice tha an lorg-phoileas dìcheallach ach dh’fhaodadh trioblaidean pearsanta a bhith aige me aonranach **C**
- Chan e an lorg-phoileas am murtair agus chan e a’ chiad duine aig an tachartas **C**
- Mar as trice bidh poilis eile ag obair fon lorg-phoileas dham faod e òrdughan a thoirt **C**
- Faodaidh caractar a’ phoilis a bhith fada na bharail fhèin me ag obair taobh a-muigh na lagha airson an eucoir fhuasgladh **C**
- Ag obair còmhla ri fìor-eòlaiche eile, me coronair, neach-sgrùdaidh meidigeach. A’ cleachdadh briathrachas speisealaichte **E**




Tha gach comharra gnè a’ tighinn fo aon de na ceithir cinn a leanas: Suidheachadh (S) Plota (P) Caractar (C) Eile (E)